

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/4/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 25 Gearran 2026

Tìotal Aithisge: Foghlam Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt cunntas air leasachaidhean o chionn ghoirid agus air a' bhuidhe a th' aig Foghlam Gàidhlig sa Ghàidhealtachd.

Tha an aithisg a' toirt seachad fiosrachadh mu àireamhan làithreach sgoilearan Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd agus a' co-roinn fiosrachadh mu ghnìomhan a tha a' cur ris na prìomhachasan ro-innleachdail gus na builean ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) adhartachadh.

- 1.2 Tha an aithisg cuideachd a' toirt cunntas do Bhuill mu phrìomhachasan Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) a thaobh Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd, a' leasachadh buileachadh, coileanaidhean agus taic chalpa gu ruige leasachaidhean curraicealaim dhan chloinn is dha na daoine òga againn.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near:

- dhan dealas a thaobh sruthan-obrach Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd a tha sònraichte dhan Ghàidhlig, cuide ri obair chom-pàirteach còmhla ri Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, agus buidhnean nàiseanta eile gus slighean ionnsachaidh proifeiseanta a neartachadh, goireasan ionnsachaidh àrd-inbhe a leasachadh, agus obair a cho-thaobhadh ri prìomhachasan nàiseanta foghlaim na Gàidhlig;
- dhan bhuidhe mhath a th' air a bhith aig gnìomhan leasachaidh a chaidh a ghabhail os làimh ann an sgoiltean o chionn ghoirid a thaobh buileachadh is coileanadh agus a bha ag amas air sgrùdadh is measadh leantainneach a bhrosnachadh air iomairtean Gàidhlig ann an sgoiltean agus am buaidh is an èifeachdais; agus
- do dhùaisean Calpa Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba agus na tha iad a' cur ri bhith a' leasachadh builean curraicealaim Gàidhlig do sgoilearan.

3. Builean

3.1 Goireas

Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrras Tabhartas Sonràichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M agus chaidh £940,000 fhaotainn.

Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG fhathast riatanach airson taic a chur ri pròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig. Tha pàirt shusbainteach dhen taic seo a' cur gu dìreach ri leasachadh leantainneach Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

A bharrachd air prìomh mhaoinachadh na Comhairle agus TSG, tha buidseat na Gàidhlig air a neartachadh barrachd tro thagraidhean soirbheachail airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG), a' cuideachadh gus cothroman a' buntainn ris a' Ghàidhlig a neartachadh is a leudachadh air feadh sgìre na Comhairle.

Tha earrann 8 a' toirt seachad fiosrachadh mu thasgadh £68,311.72 de Chalpa Gàidhlig a chaidh fhaotainn bho Riaghaltas na h-Alba sa bhliadhna ionmhasail làithreach, air a roinn thairis air trì pròiseactan.

3.2 Laghail

Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd mar ùghdarras foghlaim brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

3.3 Cunnart

Chan eil cunnartan sònraichte a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.

3.4

Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.

3.5 Gàidhlig

Tha dà phrìomhachas ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29 airson Foghlam Gàidhlig:

- Libhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras.
- Leudaich libhrigeadh FtG le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil.

Tha am PG againn cuideachd a' gabhail a-steach bhuilean eadar-eisimeileach a' buntainn ri coimhearsnachdan agus dachaigh, eaconamaidh, cultar is dualchas gus taic a chur ris na prìomhachasan seo airson Foghlam Gàidhlig.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Àireamhan Sgoilearan Gàidhlig

5.1

Setting	Total Highland	GME	%GME
ELC	3038	314	10.3%
Primary	15639	1088	6.96%
Secondary	13578	546	4.02%

Tha an dàta a' sealltainn gu bheil ceudadan de dh'àireamhan sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ag atharrachadh thar shuidheachaidhean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne (TICC) Sgoil-àraich, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile ann an sgìre na Gàidhealtachd.

Tha a' cho-roinn as àirde de chloinn ann am FtG aig TICC Sgoil-àraich, le 314 a-mach à 3,038 luchd-ionnsachaidh, a' riochdachadh com-pàirteachadh 10.3%. Tha an àireamh iomlan as motha de sgoilearan FtG aig a' bhun-sgoil (1,088 a-mach à 15,639) ach tha a' cho-roinn nas ìsle aig 6.96%. Tha a' cho-roinn as ìsle de sgoilearan FtG aig an àrd-sgoil, le 546 a-mach à 13,578, a' riochdachadh 4.02%.

Ged a tha àireamh nan sgoilearan ann am FtG TICC, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile a' dol am meud bliadhna às dèidh bliadhna, tha an dàta san fharsaingeachd a' nochdadh gur anns sna tràth-bhliadhnaichean a tha an com-pàirteachadh as làidire agus gu bheil e a' lùghdachadh mean air mhean tron t-slighe ionnsachaidh gu ruige foghlam àrd-sgoile.

6. Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd – Foghlam Gàidhlig

6.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a bhith ag obair gus an taic a tha ri fhaotainn do na sgoilearan FtG againn a leasachadh tro Phrògram Litearrachd na Gàidhealtachd. Tha seo air taic a thoirt dhan chlàr-ghnothaich airson coileanaidhean a thogail, le dòigh-obrach a tha a' co-mheasgachadh cleachdaidhean teagaisg èifeachdach, eadar-theachdan cuimsichte, agus àrainneachd ionnsachaidh thaiceil.


Às dèidh a' cho-chomhairleachaidh reachdail airson Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–2029, sheall fios air ais bho thidsearan gun robh feum dhìreach air taic curraicealaim tro mheadhan na Gàidhlig a bha cuimsichte is sònraichte mar phàirt dhen phrògram seo air a' Ghàidhealtachd.

Tha am pròiseact seo a' cur gu mòr ri buil 4.1 dhen PG:
Leasaich iall co-phàirteach FtG airson Litearrachd na Gàidhealtachd. Thoir seachad comhairle mu fhoghlam Gàidhlig tro oifigear stiùiridh Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gun tèid dòighean-obrach eòlais-teagaisg làn-bhogaidh a chur an sàs.

Tha prògram Litearrachd FtG na Gàidhealtachd a' toirt seachad ionnsachadh proifeasanta pearsanaichte is adhartach do gach tidsear ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean, tidsearan Feumalachdan Taic a Bharrachd, Luchd-cuideachaidh Taic Sgoilearan, agus Luchd-cleachdaidh Thràth-bhliadhnaichean anns na suidheachaidhean tràth-bhliadhnaichean againn. Mar phàirt dhen tairgse airson ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd do luchd-obrach, tha cothrom a-nis aig a h-uile tidsear FtG cothrom fhaighinn air trèanadh ann an Litearrachd do na h-Uile ann an Saoghal Iomadachd tro meadhan na Gàidhlig. Tha am prògram Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd a' cumail fòcas air goireasan is eadar-theachdan litearrachd a tha a' co-thaobhadh ri eòlas-teagaisg is rannsachadh tro mheadhan na Gàidhlig gus slighean ionnsachaidh proifeasanta a thoirt do 'Stiùirichean Litearrachd' ann an sgoiltean gus stiùireadh a thoirt seachad a thaobh ro-innleachdan eadar-theachd tràth agus toraidhean buileachaidh nas fheàrr airson gach neach-ionnsachaidh.


A bharrachd air trèanadh agus goireasan a thoirt seachad, bidh Oifigear Leasachaidh Litearrachd na Gàidhlig ag obair còmhla ri suidheachaidhean gus riatanasan sònraichte luchd-ionnsachaidh a chomharrachadh agus taic chuimsichte a chur an gnìomh gus ìrean buileachaidh Gàidhlig a leasachadh.

6.2 Dàta Litearrachd na Gàidhealtachd:



Tha an clàr a' sealltainn àireamhan de luchd-obrach FtG a tha air tachartasan Leasachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd a fhrithealadh tro sheisean 2024–2025. Bha tidsearan bun-sgoile is àrd-sgoile FtG, tidsearan Feumalachdan Taice a Bharrachd, Luchd-obrach Thràth-bhliadhnaichean agus Luchd-cuideachaidh Taic Sgoilearan an làthair.

Monthly unique viewers for 15 May 2024–21 Jan 2026



Tha an dàta gu h-àrd a' sealltainn nan innealan-coimhid àraid mìosail air an àrd-ùrlar againn airson goireasan taice na Gàidhlig a tha rim faighinn tro Mhapa-rathaid Litearrachd na Gàidhealtachd. Tha seo a' sealltainn gu bheil cleachdadh leantainneach air a bhith ann airson nan goireasan agus gu bheilear gan roinn air feadh an ùghdarrais taobh a-staigh suidheachaidhean FtG.

6.3 Fios air ais mu Chùrsaichean Gàidhlig Litearrachd na Gàidhealtachd:

"It was VERY useful! I have learned about so many new resources and have been given lots of ideas"

"Really good to reinforce my own good practice"

"It gives us the opportunity to speak to other teachers and get ideas and support from others"

"I feel more confident carrying out ideas after having them backed by evidence led approaches"

"The availability online was excellent, and it has given lots of practical real-life advice to use in the classroom."

6.4 Tairgse 1 + 2 na Gàidhlig

Gnìomh 3 PG – Leasaich tairgse dhidseatach ro-innleachdail is fhreagairteil airson curraicealam air-loidhne a libhrigeadh, gus FtG agus FLI a neartachadh is a leudachadh ann an sgoiltean aig ìre bun-sgoile is àrd-sgoile airson taic a chur ris na gealltanasan a rinneadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Is e aon de na Prìomhachasan Ro-innleachdail ann am PG Chomhairle na Gàidhealtachd:

- Libhrig brosnachadh is fàs leantainneachd ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70%* de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarrais.

*Tha an ceudad seo a' buntainn ri bun-sgoiltean Foghlam tron Bheurla (FtB), a' gabhail a-steach FtB taobh a-staigh sgoil FtG, a tha a' tabhann Gàidhlig mar chànan a bharrachd C2 no C3.


Gus taic a thoirt do libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan 1+2 a bharrachd agus gus dèanamh cinnteach gun lean sinn oirnn a' meudachadh àireamh nan tidsearan agus àireamh nan sgoiltean a tha a' teagasg na Gàidhlig mar chànan C2 no C3, tha sinn a' tabhann pasgan trèanaidh làidir de dh'ionnsachadh cànan agus taic sa chlas le leasanan beò adhartach.

Tha Leasanan Beò rim faighinn do gach sgoil a tha a' teagasg no a tha airson Gàidhlig a theagasg mar chànan C3. Tha na seiseanan eadar-ghnìomhach air-loidhne seo, a bhios clasaichean a' faighinn tro Teams, air an suidheachadh aig ìrean Luchd-tòiseachaidh (ìre 1) no Leudachaidh (ìre 2), a bheir cothrom airson adhartas bho ìrean 1 gu 2 thar na bliadhna. Bidh cùrsaichean Luchd-tòiseachaidh agus Leudachaidh a' ruith dà uair sa bhliadhna agus a' gabhail àite dà uair san t-seachdain gus freagairt air diofar chlàran-ama.


'S ann airson tidsearan a tha airson eòlas fhaighinn air goireas Go!Gaelic agus air an oideachadh air cùl 1+2 a tha an cùrsa Ionnsachadh Cànan Gàidhlig Feasgair seo. Bidh an cùrsa 12-seachdain seo a' toirt thidsearan tron bhriathrachas agus na structaran a tha a dhìth airson nan cuspairean Gàidhlig. Bidh seiseanan 1–6 a' gabhail àite ann an teirm 1 agus bidh seiseanan 7–12 a' gabhail àite ann an teirm 3. Faodaidh tidsearan pàirt a ghabhail anns an dà thairgse ma thogras iad agus tha feadhainn a tha air na dh'ionnsaich iad aig na seiseanan feasgair a dhaingneachadh leis na leasanan beò air innse gur e dòigh-obrach glè bhuannachdail a tha seo.

A bharrachd air sin, tha sinn a' tabhann trì leasanan beò air-loidhne a tha a' seasamh leotha fhèin air 'Anns an t-Seòmar-theagaisg', 'An Nollaig' agus 'Ainmean-àite Gàidhlig'. Faodaidh clasaichean aig a bheil beagan Gàidhlig, no clasaichean aig nach eil Gàidhlig idir, an cleachdadh.


6.5 Ceudadan de bhun-sgoiltean a' libhrigeadh Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh C2 agus C3:



Tha na clàran seo a' sealltainn nan ceudadan làithreach de sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar roghainn cànan C2 no C3 thar nan ceithir sgìrean. Mar a bhiodh dùil, 's ann san Sgìre an Iar a tha a' mhòr-chuid de sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig, ach tha fàs làidir sna sgìrean eile cuideachd.



Tha a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tidsearan air taic tro chlasaichean ionnsachadh cànan agus leasan beò a’ toirt comas dhuinn meudachadh a thoirt air àireamhan thidsearan as urrainn Gàidhlig a libhrigeadh mar chuspair C2 no C3.



’S e an t-amas againn, tro bhith a’ toirt taic is a’ stiùireadh fàs ann am foghlam bun-sgoile mar chànan 1+2, gun tig àrdachadh cuideachd air àireamhan sgoilearan a tha a’ leantainn air adhart leis a’ Ghàidhlig san àrd-sgoil.

6.6 Cùrsaichean Ionnsachadh Cànan Feasgair

Eisimpleirean bho fhianais buaidh nan tidsearan:

“Useful to hear the pronunciations, variety of games, powerpoints we can use”

“The opportunities to interact online, making use of new and developing language skills directly over the 'live' sessions were great and the patient, attentive and thoughtful approach from the trainer were highly encouraging and helped to build the participants' confidence levels as well as their skill levels.”

“Keep up the delivery in the excellent style it has, offering participants 'live' opportunities to grow their confidence and skills in a friendly, valuable, and informative lesson, as I found it to be.”

“Many thanks for the excellent Gaelic Sessions! It was a bit of a crash course in Gaelic but the activities and resources highlighted to were excellent.”

"I learned a lot from the sessions! They have improved my Gaelic but more importantly, when teaching Gaelic in the classroom I will be much more confident in the future."

Leasan an Beò Air-loidhne

"Thank you! The pupils have really enjoyed the games and have been more comfortable speaking in Gaelic to the whole class."

"It was a fantastic way to support/enhance the GLPS training that some of my colleagues have undertaken/are undertaking. The online games were motivating to the children and helped to encourage the engagement of some of the more reluctant learners, whilst simultaneously providing an excellent resource for myself/colleagues to use."

"The lessons made it easy to introduce Gaelic to a class of beginners, being a total beginner myself!"

"You can take part no matter what your level of the language is."

"I liked the way the games began to help put the vocabulary into conversational/sentence structure. The children are often familiar with individual topic words, but aren't as confident when structuring these into conversational sentences."

- 6.7 Tha aonta ghoireasan co-roinnte eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' comasachadh solar taic Oifigear Leasachaidh 0.4 a tha ag amas air taic a thoirt do thidsearan gus builean litearrachd Gàidhlig a leasachadh, leis an oifigear ag obair thar an dà ùghdarras ionadail gus cunbhalachd agus buaidh a neartachadh. Tha am modail co-obrachail seo cuideachd a' leudachadh chun na tairgse 1+2 chànan, far a bheil Oifigearan Leasachaidh na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid a' dealbhadh agus a' libhrigeadh chothroman Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd còmhla. Le bhith a' co-òrdanachadh nam prògraman aca, faodaidh iad tairgse agus goireasan ionnsachaidh proifeasanta aonaichte, àrd-inbhe a thoirt do thidsearan agus dèanamh cinnteach à barrachd co-thaobhadh ann an leasachadh na Gàidhlig thar ùghdarrasan ionadail.

7. Prìomhachasan Leasachaidh Sgoile – A' Leasachadh Coileanadh is Buileachadh ann an Gàidhlig

- 7.1 Bho 2025, tha prìomhachasan stèidheachaidh airson frèaman-obrach leasachaidh sgoile air an dealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi sgoiltean a' gabhail a-steach is a' toirt prìomhachas do dheasbad fèin-mheasaidh airson a bhith a' leasachadh toraidhean Gàidhlig.

Tha 7.2 (i) a' sealltainn nam prìomhachasan a tha Comhairle na Gàidhealtachd air a stèidheachadh agus air am feum sgoiltean beachdachadh a thaobh an tairgse Ghàidhlig aca.

Tha buileachadh Gàidhlig cuideachd air a ghabhail a-steach ann an aithris Inbhean is Càileachd. Ann am Buileachadh ann an Litearrachd na Gàidhlig, feumaidh sgoiltean a' cho-roinn de sgoilearan a tha a' coileanadh ìrean Curraicealaim airson Sàr-mhathais ro dheireadh ÀS3 a chlàradh. 7.2 (ii)

7.2

(i)

Gaelic Education	
☐	<u>Education Scotland Advice on Gaelic Education</u> focus: - high quality GME immersion experiences - improving fluency - whole school Gaelic ethos
☐	Secondary – Increasing immersion curriculum opportunities in BGE and Senior Phase
☐	<u>Gaelic Learner Education Experiences</u>
☐	Initiatives and projects that promote and support Gaelic extra-curricular experiences
☐	<u>Local Authority Gaelic Language Plan</u> priorities, initiatives, and activities to promote Gaelic across the 4 themes of - Communities and Home - Media, Arts, Culture and Heritage - Business and the Economy - Education

(ii)

Gaelic Medium 2023/2024 Proportion of pupils achieving expected Curriculum for Excellence Levels by the end of S3

Level 3

Gaelic reading	Gaelic writing	Gaelic listening and talking
All	All	All

Level 4

Gaelic reading	Gaelic writing	Gaelic listening and talking
c	c	c

7.3

Tha dùbhlain ann a bhith a’ cumail sùil air agus a’ dearbhadh buileachadh na Gàidhlig aig ÀS3 ann an àrd-sgoiltean, air sgàth structar a’ churraicealaim agus faodar a cheangal cuideachd ri àm roghainnean chuspairean nan sgoilearan.

A’ dol air adhart, bu chòir do phlanadh leasachaidh sgoile dèanamh cinnteach gu bheil an tairgse curraicealaim aca airson Gàidhlig air a brosnachadh agus air a h-ath-sgrùdadh gach bliadhna gus dèanamh cinnteach à ionnsachadh adhartach àrd-inbhe. Mar a chomhairlich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim, feumaidh sgoiltean dèanamh cinnteach à leantainneachd làidir ann an ionnsachadh na Gàidhlig thar ìrean a’ leantainn gu teisteanasan agus duaisean anns gach bliadhna dhen ìre as àirde, le buileachadh àrd a tha a’ nochdadh buannachdan dà-chànanais. Feumaidh sgoiltean dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil coileanaidhean pearsanta agus nas fharsainge air an creideasachadh a’ cleachdadh Frèam Barantachaidh Teisteanasan na h-Alba.

Is urrainn dhuinn buileachadh sgoilearan a tha a’ leantainn air adhart gu slighean barantaichte Gàidhlig a leantainn le misneachd (Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach).

7.4

Faodaidh sgoilearan leantainn air adhart a’ leasachadh sgilean cànan cudromach sa Ghàidhlig agus a’ gabhail pàirt ann an cultar na Gàidhlig eadhon ged nach tagh iad a’ Ghàidhlig mar chuspair san ìre as àirde. Tha seo a’ sealltainn cho cudromach ’s a tha e raon nas fharsainge de eòlasan agus de choileanaidhean Gàidhlig aithneachadh, a leithid:

- misneachd a' cleachdadh na Gàidhlig
- com-pàirteachas ann an gnìomhan cultarach Gàidhlig
- a bhith a' cur ri spiorad Gàidhlig na sgoile
- a bhith a' faireachdainn buntanas ri coimhearsnachd na Gàidhlig

Le bhith a' gabhail sealladh nas fharsainghe air na taobhan seo, thathar a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur luach air coileanaidhean gach neach-ionnsachaidh sa Ghàidhlig a bharrachd air fòcas a chur air coileanaidhean nan sgoilearan a tha a' leantainn shlighean le teisteanas.

- 7.5 Tha luchd-sgrùdaidh foghlaim na h-Alba air aithisg ùr fhoillseachadh mu fhoghlam Gàidhlig. Tha an aithisg [Evaluating the Quality of Gàidhlig Education: actions to raise standards, quality and equity](#), a' tarraing air sgrùdaidhean ann an suidheachaidhean FtG agus FLI air feadh Alba.

Gu nàiseanta, lorg Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim fianais air ionnsachadh àrd-inbhe ann am mòran bhun-sgoiltean, le eisimpleirean de bhogadh làidir agus tidsearan a tha dealasach sa Ghàidhlig. Ach, thug an aithisg am follais cuideachd gu bheil sgioba-obrach, leantainneachd curraicealaim, agus goireasan fhathast cugallach ann am mòran raointean, le gabhail ri foghlam àrd-sgoile na adhbhar dragh sònraichte.

8. Duaisean Calpa Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba 2025/26

- 8.1 Pròiseactan Calpa Gàidhlig air an Lìbhrigeadh/a' Faighinn Taic bho Riaghaltas na h-Alba ann an 2025/26

Stiùidio Clàraidh a' Phluic (£20,550.40).

Goireasan litearrachd dhidseatach is curraicealaim sgoile (£12,411.69 agus £27,451.38)

Leasachaidhean Sgoil-àraich Bhaile Ùr an t-Slèibh (£7,898.25).

Iomlan: £68,311.72

- 8.2 A' Leasachadh Bhuilean Litearrachd sa Ghàidhlig – Rannsachadh Cùise Gàidhlig Litearrachd na Gàidhealtachd

Rè seisean 24/25, mar phàirt de chlàr-gnothaich gus buileachadh a thogail, rinn Oifigear Leasachaidh Litearrachd na Gàidhealtachd prògram pìleat gus sgilean labhairt is èisteachd a leasachadh agus buileachadh àrdachadh thar gach ìre ionnsachaidh ann an litearrachd. Tha buileachadh nas fheàrr ann an labhairt is èisteachd deatamach airson soirbheachas san àm ri teachd ann am fileantachd agus gus dèanamh cinnteach à toiseach nas làidire ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Cheannaich an Sgoil Ghàidhlig phileatach Cluicheadairean Yoto airson an cleachdadh mar inneal leughaidh didseatach gus cuideachadh le bhith ag àrdachadh buileachadh ann an litearrachd na Gàidhlig. Chruinnich an sgoil stòras mòr de liostaichean-cluiche de sgeulachdan Gàidhlig a chaidh a chlàradh le pàrantan agus sean-phàrantan, mar phàirt de phròiseact eadar-ghinealach.

Bidh innealan leughaidh didseatach a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh buileachadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig le bhith a' dèanamh ionnsachadh nas ruigsinniche, nas pearsanta, nas tarraingiche, agus nas aonaichte le sgilean èisteachd is labhairt. Bidh iad a' lìonadh bheàrnan sna goireasan a tha rim faighinn gu furasta agus goireasan ath-ghnìomhach a th' ann dha na tidsearan is dhan luchd-ionnsachaidh againn. Bidh iad cuideachd a' toirt taic do leantainneachd a thaobh a bhith a' faighinn cothrom eòlas a chur air cànan, rud a tha deatamach ann am Foghlam tron Ghàidhlig.

Chaidh na cluicheadairean Yoto a chleachdadh gus taic a chur ri bhith ag àrdachadh buileachadh tro bhith a' brosnachadh èisteachd bogaidh, a' neartachadh cheanglaichean beòil is sgrìobhte nuair a bhathar gan cleachdadh còmhla ri teacsa clò-bhuailte, a' brosnachadh roghainn neo-eisimeileach do gach sgoilear agus a' toirt taic do ionnsachadh a tha a' gabhail a-steach gach sgoilear agus a tha eadar-dhealaichte.

Eisimpleir bho Shuirbhidh Thidsearan:

Dè cho èifeachdach 's a tha an Yoto Player, nur beachd fhèin, ann a bhith a' neartachadh sgilean èisteachd is tuigsinn nan sgoilearan sa Ghàidhlig?

“Very effective - they are engaging, kids listen well and no screen/difficulties logging on as in Chromebooks, broadening oral language and making vocabulary stronger as hearing it from a variety of sources and accents.

The Yoto Players have been a great tool to use to increase the exposure to Gaelic literature. The players mean that all children have access to Gaelic texts regardless of reading ability skills.

They have been great for developing pupils' interest in Gaelic stories who might not usually pick up a book in Gaelic or who don't yet have the skills to read independently.”



8.3 Pròiseact Calpa Leasachadh Curraicealam Àrd-sgoile

Tha am pròiseact seo a' moladh tasgadh a dhèanamh ann an uidheamachd pod-chraolaidh gus litearrachd dhidseatach na Gàidhlig agus curraicealam ùr na Gàidhlig a neartachadh. Chaidh uidheamachd ciùil, uidheamachd airson a' bhlàir a-muigh agus uidheamachd meadhanan didseatach a cheannach cuideachd air iarrtas nan sgoiltean airson leasachadh curraicealaim.

Tha fios-air-ais bho stiùirichean agus tidsearan Gàidhlig àrd-sgoile a' toirt am follais gu bheil feum air dòighean-obrach cruthachail, ùr-nodha a tha a' toirt taic do leasachadh cànan, dearbh-aithne chultarach, agus ceangal coimhearsnachd.

Tha pod-chraoladh a' tabhann meadhan ùr-nodha, inntinneach trom faod sgoilearan a h-uile raon de litearras na Gàidhlig, labhairt, èisteachd, leughadh is sgrìobhadh a leasachadh, agus aig an aon àm sgilean didseatach a thogail a tha a' nochdadh mar a bhios daoine òga a' faighinn cothrom air agus a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig barrachd is barrachd.

Le bhith a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh na sgeulachdan, na h-agallamhan agus na dh'fhiosraich iad fhèin a chruthachadh agus a cho-roinn, tha am pròiseact a' toirt taic do churraicealam Gàidhlig nas beòthaile agus nas buntainniche agus a' cuideachadh dhaoine òga a bhith a' faireachdainn mar phàirt de choimhearsnachd Ghàidhlig nas fharsainghe.

Tha aithisg MG Alba airson 2024/25 a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e 'Luchd-cruthachaidh Susbaint Coimhearsnachd' a leasachadh, a bhios a' cluiche pàirt riatanach ann a bhith a' toirt taic do agus a' neartachadh iomairtean Gàidhlig ionadail. Tha sgoilearan na Gàidhealtachd nam prìomh luchd-ùidh san t-sruth-obrach nàiseanta seo, le comas làidir susbaint dhidseatach Ghàidhlig bhrìoghmhor a thoirt seachad.

Bidh e comasach do sgoilearan pàirt a ghabhail ann am farpaisean com-pàirteach a leithid an fheadhainn a tha air an tabhann le Sabhal Mòr Ostaig, a' leudachadh an sgilean didseatach is cànan tuilleadh. Cuidichidh innealan didseatach nas fheàrr le barrachd com-pàirteachaidh ann am FilmG, far a bheil sgoiltean na Gàidhealtachd mar-thà a' dèanamh gu math.

Le cothrom air uidheamachd àrd-inbhe, bidh e comasach do thidsearan eòlasan ionnsachaidh didseatach nas adhartaike agus nas seasmhaiche a dhealbhadh, a bharrachd air a bhith ag ullachadh airson farpaisean bliadhnail.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 11 Gearran 2026

Ùghdaran: Lena Walker, Oifigear Taic Foghlaim
Alison NicLeòid, Prìomh Thidsear, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
Ruairidh MacAoidh, Oifigear Leasachaidh

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: